



# Ro-shealladh air Atharrachadh

Plana Corporra SQA



# Clàr-innse

An Cathraiche againn	2
An Ceannard againn	3
An Dreuchd againn	4
An t-Àrd-amas againn	6
Am Plana againn	9
Na Lìbhrigeas sinn	12
An Gealladh againn air Seasmhachd agus Co-ionannachd	22
An Riaghlachas againn	24
Am Buidseat againn	25
An Co-theacsa againn	27

## An Cathraiche againn

Mar Chathraiche SQA a chuireadh an dreuchd o chionn ghoirid, tha mi a' faireachdainn gur e urram mor a bhith mar phàirt de bhuidheann a tha aig cridhe nan seirbheisean poblach ann an Alba, agus a tha a' cuideachadh a bhith ag atharrachadh beathannan ceudan de mhìltean de luchd-ionnsachaidh gach bliadhna.

'S e an dreuchd agam — còmhla ri co-bhuill a' bhùird agam — a bhith a' comasachadh atharrachadh deimhinneach taobh a-staigh SQA agus a dhèanamh cinnteach gu bheil sinn ag obair leis an luchd-pàirt is luchd-ùidhe againn tarsainn coimhearsnachd an foghlaim is sgilean gus Teisteanasan Alba a cho-chruthachadh gu soirbheachail.

'S e an cothrom a bhith mar phàirt de chruth-atharrachadh — a' cuideachadh a bhith a' togail àm-ri-teachd fad-ùineach a bhios nas fheàrr, agus ag obair ann an com-pàirteachas le daoine eile gus a lìbhrigeadh — rudeigin air a bheil mise a' cur sùim mhòr.

Tha e deatamach gum bi Teisteanasan Alba a' glèidheadh an smir a bh' againn ann an SQA: na teisteanasan againn, air a bheil meas mòr chan ann a-mhàin an seo ann an Alba ach air feadh an t-saoghail, agus eòlas, sgil agus dealas nan daoine againn. B' iad na neartan sin a chùim suas inbhe agus creideasachd nan teisteanasan againn rè beatha SQA.

Far comhair a-nis tha an cothrom a bhith a' togail air a' bhun-stèidh sin, a' coimhead air adhart, chan ann air ais, agus grèim fhaighinn air a' chomas a bhith ag atharrachadh na dòigh sa bheil sinn ag obair. Ag ath-stèidheachadh dhàimhean, gu h-àraid le luchd-ionnsachaidh is luchd-teagaisg, tro chom-pàirteachadh brìoghmhor gus an earbsa aca a chosnadh air ais. A' cur gu feum cumhachd an teicneòlais. Ag ath-ùrachadh nan teisteanasan againn air los gum bi iad a' coileanadh feumalachdan comann-sòisealta is eaconamaidh an latha an-diugh.

Dìreach mar a tha mi pròiseil a bhith nam Chathraiche air SQA, tha mi a' cheart cho pròiseil a bhith a' cuideachadh gus cumadh a thoirt do Theisteanasan Alba agus, le ùmhlachd do dh'aonta pàrlamaideach, a bhith air cheann a' Bhùird ùir a bhios a' cuideachadh gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh is luchd-foghlaim na h-Alba an dìcheall a choileanadh. Tha mi a' coimhead air adhart le tlachd a bhith nam thosgair agus nam neach-tagraidh airson buidheann às am bi, saoilidh mi, a h-uile duine ann an Alba comasach a bhith pròiseil.

**Shirley Rogers CBE**



“**Far comhair a-nis tha an cothrom... a bhith ag atharrachadh na dòigh sa bheil sinn ag obair.**”

## An Ceannard againn agus Àrd-oifigear Deuchainnean na h-Alba

Tha am Plana Corporra ùr seo a' tighinn aig puing tionndaidh - chan ann a-mhàin airson SQA ach airson a h-uile duine ann an coimhearsnachd foghlam is sgilean na h-Alba agus dhaibhsan a bhios sinn a' frithealadh. Tha e a' toirt seachad mapa-rathaidean, mar gum b' e, airson Teisteanasan Alba - ris a bheilear an dùil anmoch ann an 2025 - agus a' cur an cèill mar a bhios sinn a' cumail oirnn a' libhrigeadh an-dràsta fhad 's a thathar cuideachd a' togail airson an ama ri teachd.

Thar a h-uile nì eile, tha e a' riochdachadh an dà ghealltanais againn - do sgoilearan agus oileanaich, tidsearan is òraidichean, pàrantan is luchd-cùraim, sgoiltean is colaistean, oilthighean is fastaichean, agus a h-uile duine leis am bi sinn ag obair agus dham bi sinn ag obair.

Sa chiad àite, gealltanais leantainneach do dh'inbhean, creideasachd agus cothromachd sna teisteanasan is measaidhean againn; agus, san dara àite, gealltanais do chruth-atharrachadh a libhrigeas Teisteanasan Alba airson an ama ri teachd.

Fad cairteal ceud bliadhna, tha SQA air dreuchd chudromach a chluich ann am foghlam na h-Alba, a' glèidheadh nan inbhean as àirde agus a' libhrigeadh theisteanasan creideasach às am faodar earbsa a chur le luchd-ionnsachaidh, colaistean, oilthighean is fastaichean. Tha sinn air an cothrom a thoirt do mhilleanan de luchd-ionnsachaidh na h-ath-cheumannan aca a ghabhail a-steach gu foghlam, trèanadh no cosnadh, a' mathachadh agus ag atharrachadh bheathannan fad an t-siubhail. Tha sinn moiteil às na choilean sinn.

Mairidh sinn daingeann agus dian-aireach air na prìomh dhleastanasan sin againn.

Tha sinn ag aithneachadh, ge-tà, gum feum sinn fàilte a chur air atharrachadh san dòigh a dh'obraicheas sinn agus san obair a nì sinn. Bidh an t-atharrachadh sin stèidhichte timcheall air trì geallaidhean:

1. **Ag ath-stèidheachadh dhàimhean le luchd-ionnsachaidh is luchd-teagaisg gus an earbsa aca a chosnadh air ais**
2. **A' gabhail grèim air comas an teicneòlais gus na seirbheisan a bhios sinn a' tabhann a dhèanamh nas èifeachdaiche**
3. **A' libhrigeadh theisteanasan is measaidhean a bhios a' cumail suas ris na h-atharrachaidhean a tha a' tachairt gu luath sa chomann-shòisealta agus san eaconamaidh**

'S e a' chiad ghealladh againn a bhith ag ath-stèidheachadh dhàimhean, ag ath-cheangal ri daoine agus a' strì ri bhith a' toirt cothrom don h-uile neach-ionnsachaidh is neach-foghlaim an guthan a bhith air an cluinntinn agus iad a' cuideachadh gus cumadh a thoirt do na stuthan is seirbheisean againn. Èistidh sinn agus bheir sinn seachad ais-bheachdan air na co-dhùnaidhean a rinn sinn stèidhichte air na chuala sinn.

Tha às-èirigh theicneòlasan ùra, a' gabhail a-steach às-èirigh AI, a' seasamh a-mach mar aon de na leasachaidhean as cudromaiche a thaobh libhrigeadh theisteanasan is measaidhean. 'S e an dàrna gealladh againn, uime sin, a bhith a' gabhail grèim air comas teicneòlais agus comasachdan teicneòlasach ùra a thoirt a-steach gus libhrigeadh nan seirbheisean againn a dhèanamh nas èifeachdaiche, gan dèanamh nas ruigsinniche agus nas èifeachdaile airson luchd-ionnsachaidh, luchd-foghlaim agus ionadan.



Tha sinn cuideachd a' faicinn leasachaidhean ùra a' tachairt gu luath timcheall oirnn, agus mar sin 's e an treas gealladh againn a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi na teisteanasan is measaidhean a tha sinn a' tabhann a' cumail suas ri atharrachaidhean sa chomann-shòisealta agus san eaconamaidh. Bidh seo a' gabhail a-steach sioft a dhèanamh sa chothromachadh eadar dòighean-obrach measaidh, a' dèanamh lèirmheas air agus a' cuibhreannachadh, mar gum b' e, pasgan nan teisteanasan againn agus a' toirt seachad barrachd cothrom didseatach air measaidhean.

Tha am Plana Corporra againn a' riochdachadh ro-shealladh àrd-amasach air atharrachadh.

Tha mi moiteil a bhith air cheann SQA agus a bhith ag obair le luchd-obrach agus an siostam nas fharsainge air a' chuairt cruth-atharrachaidh seo gus libhrigeadh airson an ama ri teachd. Tha am Plana seo mar aithris-rùin cudromach - agus na ghealltanais gum bi sinn a' freagarrachadh agus ag atharrachadh.

Fiona Robertson

“Tha sinn ag aithneachadh gum feum sinn fàilte a chur air

## atharrachadh

san dòigh a dh'obraicheas sinn agus san obair a nì sinn.”

## An Dreuchd againn

'S e SQA am buidheann nàiseanta duaiseachaidh agus barantachaidh ann an Alba. Bidh sinn a' stèidheachadh, a' cumail suas, agus a' sìor-leasachadh frèam-obrach theisteanasan a gheibhear ann an sgoiltean, colaistean, fastaichean agus solaraichean trèanaidh na h-Alba. Tha iad seo a' gabhail a-steach:

- Teisteanasan Nàiseanta, air an sgrùdadh aig sgoiltean agus colaistean, leithid Nàiseanta 1 gu 5, Àrd-ìre, agus Àrd-ìre Adhartach
- Teisteanasan Nàiseanta Àrd-ìre, gu tric air an sgrùdadh aig colaistean ach barrachd is barrachd ann an sgoiltean cuideachd, a dh'fhaodas a bhith nan drochaid gu tuilleadh ionnsachaidh aig oilthigh
- Raon de theisteanasan dreuchdail, air an cruthachadh le com-pàirtichean gnìomhachais, agus a fhreagras ri feumalachdan sgìlean

Mar bhuidheann barantachaidh, tha SQA a' stèidheachadh agus a' cumail suas inbhean airson iomadh buidheann duaiseachaidh eile, agus airson teisteanasan barantaichte mar Theisteanasan Dreuchdail na h-Alba. Tha iad seo a' toirt fianais gu bheil luchd-ionnsachaidh comasach air an cuid obrach a dhèanamh gu math (agus gabhaidh an sgrùdadh ann an colaistean no san àite-obrach).

Tha dreuchd shònraichte cuideachd aig SQA a bhith a' cur taic ri Preantasachdan Bun-ìre agus ris a' phoileasaidh nas fharsainge Leasachadh an Fheachd-obrach Òig. Tha na teisteanasan againn mar phàirt den mhòr-chuid de Phreantasachdan Nuadh ann an Alba. Tha an dreuchd barantachaidh againn cuideachd a' cur gu mòr ris an raon seo.

A bharrachd air seo, tha làthaireachd eadar-nàiseanta aig SQA, agus teisteanasan gan lìbhrigeadh air feadh an t-saoghail a tha a' cur air adhart agus a' leudachadh ruigheachd teisteanasan is seirbheisean SQA ann am foghlam is sgìlean. Tha SQA a' toirt seachad ìre àrd de sheirbheis is lìbhrigeadh gus feumalachdan nan custamairean againn a choileanadh. Tha sinn a' suidheachadh SQA mar rogha nam buidhnean airson nan custamairean againn agus tha sinn nar com-pàirtiche earbsach do riaghaltasan is àidseantsaidhean.



## An t-Adhbhar againn

Tha dreuchd air leth againn ann an siostam an fhoghlaim agus sgilean. Tha ar n-obair a' cur taic ri luchd-ionnsachaidh aig gach ìre, gan cuideachadh a bhith a' ruigsinn an làn-chomais, ann an iomadh diofar seòrsa ionaid, agus a' toirt buaidh air oilthighean, fastaichean agus an eaconamaidh nas fharsainghe.

Ann a bhith a' libhrigeadh nam prìomhachasan ro-innleachdail air an cur an cèill sa plana seo, bidh SQA ag obair ann an com-pàirteachas leis na custamairean is luchd-ùidhe againn, ann an Alba agus thall thairis. Tha sinn ag amas air teisteanasan is measaidhean a libhrigeadh a bhios a' coileanadh feumalachdan an ama ri teachd agus, mar sin, a bhith a' cluiche ar pàirt tro bhith a' toirt taic do agus a' libhrigeadh an ath-leasachaidh foghlaim nas fharsainghe aig Riaghaltas na h-Alba.

## Am Misean againn

Gu bhith a' toirt aithneachadh creideasach do dhaoine air an cuid sgilean is eòlais gus taic a thoirt do an roghainnean ann am beatha agus obair.



## Na Luachan againn

### Earbsach

- Tha sinn fosgailte agus trèid-shoilleir nar conaltradh agus nar co-dhùnidhean
- Tha sinn a' nochdadh firinnteachd agus treibhdhreas sa h-uile nì a nì sinn
- Tha sinn a' nochdadh co-sheasmhachd, cothromas is cothromachd
- Thathar gar n-aithneachadh mar chreideasach, agus tha sinn a' sireadh fios air ais air a' choileanadh againn gu gnìomhach

### Comasachadh

- Tha sinn a' cur a-mach agus a' cumail suas àrd-ìrean de mhodh-giùlain ann an co-rèir ri ar luachan
- Tha sinn a' toirt taic do dhaoine agus iad a' leasachadh gus an làn-chomas a choileanadh
- Tha sinn a' brosnachadh co-obrachadh gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh agus iomlaid deagh chleachdaidh
- Tha sinn a' toirt seachad na goireasan is an àrainneachd a dh'fheumas iad airson soirbheachadh

### Adhartach

- Tha sinn a' toirt dùbhlann air an status quo agus a' cur fàilte air beachd-smuainean ùra is dòighean-obrach ùra
- Tha sinn a' crach airson atharrachadh agus tha sinn gu gnìomhach a' sireadh dèanadas a tha mar rogha sa chlas
- Tha sinn ag altramachadh cruthachas, ùr-ghnàthachadh agus ceannardas
- Tha sinn cunntachail airson cultar smaoineachaidh adhartach a stèidheachadh

## An t-Àrd-amas againn A' lìbhrigeadh an-dràsta, a' togail airson an ama ri teachd

Le Teisteanasan Alba air fàire airson anmoch ann an 2025, a rèir phlanaichean, tha **cothrom ann airson cruth-atharrachadh** agus tha am Plana Corporra seo a' cur an cèill mar a lìbhrigeas sinn an t-atharrachadh sin.

Aig an aon àm, feumaidh sinn a' cumail oirnn a' lìbhrigeadh nan seirbheisean againn do luchd-ionnsachaidh ann an Alba, sa chòrr den RA agus thall thairis. Bidh feum aca fhathast air teisteanasan a tha ag aithneachadh na choilean iad agus a tha a' leigeil leotha na h-ath-cheumannan a ghabhail nan cuid ionnsachaidh, trèanaidh no cosnaidh.

Fhad 's a tha sinn fhathast **a' lìbhrigeadh an-dràsta**, ge-tà, feumaidh SQA cuideachd a bhith **a' togail airson an ama ri teachd**. Feumaidh sinn ullachadh airson Teisteanasan Alba, a' cuideachadh a' bhuidhinn a bhith soirbheachail bho latha a h-aon agus a bhith deiseil **a lìbhrigeadh ann an dòigh a bhios a' faireachdainn gu ìre mhòr eadar-dhealaichte airson luchd-ionnsachaidh, luchd-foghlaim agus coimhearsnachd an fhoghlaim nas fharsainghe**.

San fharsaingeachd, bidh na h-aon fuincseanan is uallaichean aig Teisteanasan Alba 's a tha aig SQA. Mar sin, 's e mar a bhios na fuincseanan is uallaichean gan gabhail os làimh an deuchainn a dhearbhas airson a' bhuidhinn ùir, agus 's ann an sin far am bi na cothroman as motha airson atharrachadh àrd-amasach a bhith:

- **ag ath-stèidheachadh is a' togail dhàimhean nas treasa** le tidsearan, òraidichean, sgoilearan is oileanaich
- **a' gabhail grèim air comas teicneòlais** gus atharrachadh a thoirt air an dòigh sa bheil buidheann duaiseachaidh na h-Alba ag obair
- **a' lìbhrigeadh theisteanasan is measaidhean a tha a' cumail suas ri atharrachaidhean luatha** sa chomann-shòisealta is eaconamaidh againn.

Gus an t-àrd-amas againn a thoirt gu buil, feumaidh sinn obair còmhla ri, a bharrachd air airson, luchd-ionnsachaidh is luchd-foghlaim, fàilte a chur air ùr-ghnàthachadh is atharrachadh, agus taisbeanadh gu soilleir mar a tha dàta is fianais a' co-neartachadh ar co-dhùnaidhean. Agus feumaidh cultar buidhinn a bhith againn - air a thoirt gu beatha tro na daoine againn - a bhios a' comasachadh cruth-atharrachadh.



## Tha atharrachaidhean a thathar a' planadh airson na h-ùine air thoiseach oirnn a' gabhail a-steach:

**Ag ath-ùrachadh na dòigh sa bheil SQA a' com-pairteachadh** air chor 's gum bi an cothrom aig a h-uile neach-ionnsachaidh is neach-foghlaim an guthan a bhith air an cluinntinn agus cumadh a thoirt do na co-dhùnidhean is seirbheisean againn. Gealltanasan air an toirt seachad a tha a' cur an cèill na dh'fhaodas luchd-ionnsachaidh is luchd-foghlaim a bhith an dùil nuair a tha iad a' com-pàirteachadh.

**A' meudachadh cothrom didseatach air teisteanasan** agus pròiseasan didseatach air an dèanamh èifeachdach gus iad sin a libhrigeadh.

**A' cruth-atharrachadh libhrigeadh didseatach** – le ùmhlachd do chuingealachdan buidseatach – air chor 's gum faigh luchd-ionnsachaidh, luchd-foghlaim is luchd-cleachdaidh eile cothrom air seirbheisean air-loidhne gu furasta agus gu rèidh. Tha seo a' gabhail a-steach a' toirt cothrom air pàipearan comharraichte gus ionnsachadh is teagasg a leasachadh.

**A' dèanamh lèirmheas air a' chothromachadh eadar dòighean-obrach measaidh tarsainn Theisteanasan Nàiseanta** – mar eisimpleir, eadar deuchainnean agus measaidhean gun deuchainn.

A' cumail oirnn mar phàirt **an t-ath ghinealach de theisteanasan dreuchdail a tha stèidhichte air sgilean** agus a' cruthachadh mhodailean ùra de phreantasachdan air chor 's gum bi luchd-ionnsachaidh uidheamaichte leis an eòlas is sgilean airson soirbheachadh san t-saoghal nuadh didseatach.

A' dèanamh lèirmheas air agus **a' cuibhreannachadh pasgan nan teisteanasan a th' againn an-dràsta** air chor 's gum bi e a' cur fòcas an dà chuid air feumalachdan luchd-ionnsachaidh agus air feumalachdan cholaistean, oilthighean, fhastaichean agus a' chomainn-shòisealta.

A' cruthachadh **mapa-rathaidean coimeirsealta ùr** gus fàs seasmhach agus tàrmachadh airgid a phutadh air adhart.

A' toirt **ceannardas air mar a chleachdar AI ann an teisteanasan is measaidhean**, ag aithneachadh nan cothroman a tha rim faotainn a bharrachd air na dùbhlain a thig nan lùib.



**Aig cridhe a h-uile atharrachaidh bidh guthan an luchd-cleachdaidh sheirbheisean againn agus guthan nan custamairean againn.** Bidh SQA ag obair chan ann a-mhàin airson an luchd-cleachdaidh is custamairean againn ach còmhla riutha. Bidh sinn ag èisteachd agus a' freagairt ri ais-bheachdan air na co-dhùnidhean againn agus na h-adhbharan air an son.

Mar is trice, bidh atharrachadh ag iarraidh airgead-seilbh ach, mar aithneachadh air a' chùl-raon ionmhasail, bidh airgead-seilbh ga chuireadh air far am faod e putadh air adhart sàbhalaidhean is èifeachdasan, an dà chuid ann an SQA agus ann an siostam an fhoghlaim nas fharsainge.

Bidh atharrachadh air fhiosrachadh le ath-leasachadh foghlaim nas fharsainge. Tha SQA an geall air tabhartas iomlan is deimhinneach a thoirt seachad do chur an gnìomh nan co-dhùnidhean aig Riaghaltas na h-Alba a tha a' sruthadh às na lèirmheasan neo-eisimeileach air measadh is sgilean.

**Tha cothrom ann gun ro-shampall airson atharrachadh agus leasachadh ann am foghlam.** Bidh feum air co-dhùnidhean dàna, toil làidir agus dealas is deòin airson atharrachadh, am measg a h-uile duine a tha ag obair ann an no còmhla ri, no mar thaic ri, coimhearsnachd an fhoghlaim. Sna seachdainean is mìosan a tha romhainn mus tòisich Teisteanasan Alba air an obair aca, **bidh SQA deiseil is deònach gus a' phàirt aige a chluiche ann a bhith a' cruthachadh ìm ri teachd nas fheàrr.**



## Am Plana againn

Airson ar cuideachadh gus an t-adhbhar agus misean againn a lìbhrigeadh, tha sinn air na builean a leanas a chomharrachadh. Bidh iad seo nam prìomhachasan ro-innleachdail againn.

### 1. Bidh sinn a' lìbhrigeadh siostam de theisteanasan a tha creideasach

'S e misean an SQA a bhith a' lìbhrigeadh theisteanasan a tha a' toirt seachad aithneachadh creideasach air sgilean is euchdan dhaoine, agus mar sin a' cur taic ri an roghainnean-beatha agus adhartas. Tha seo a' ciallachadh gum feum SQA dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile ìre de dhealbhadh is lìbhrigeadh mheasaidhean ag ath-neartachadh is a' meudachadh an creideasachd. Tha seo a' gabhail a-steach an dòigh-obrach againn a thaobh dearbhachd càileachd, cruthachadh thoraidhean agus teisteanachadh, agus gnìomhachd obrachaidh airson a h-uile teisteanais – a' gabhail a-steach Teisteanasan Nàiseanta agus teisteanasan dreuchdail agus teicnigeach.

Tha SQA a' cluiche dreuchd dheatamach ann an siostam foghlaim is sgilean na h-Alba, agus bidh adhartas ath-leasachaidh an fhoghlaim a' toirt buaidh air an dreuchd sin. Fiù 's mus tug Riaghaltas na h-Alba an fhreagairt aca don Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan is Measaidh (IRQA) san t-Sultain 2024, bha sinn mar-thà air tòiseachadh air coimhead ris an àm ri teachd, a thaobh prìomhachasan Mhinistearan a chaidh a chur an cèill ann an sgrìobhainnean leithid 'Foghlaim, rannsachadh is sgilean an dèidh sgoile – adhbhar is prionnsapalan'. Tha SQA ag obair le buidhnean nas fharsainge gus lèirmheas is ath-ùrachadh a dhèanamh air a' Churraicealam 3-18 mar phàirt de Chearcall Leasachadh a' Churraicealaim. A bharrachd air sin, tha SQA a' planadh lèirmheas a dhèanamh air pasgan nan teisteanasan againn, a' tòiseachadh le teisteanasan an dèidh sgoile, agus bidh an obair seo ga leasachadh rè cùrsa a' Phlana Chorporra seo. Tha e cudromach, uime sin, gum bi sinn ag obair le càch ann an coimhearsnachd an fhoghlaim is sgilean, a' gabhail a-steach Riaghaltas na h-Alba, buidhnean poblach eile, sgoiltean, colaistean, solaraichean trèanaidh, fastaichean, oilthighean, pàrantan agus, gu dearbh, luchd-ionnsachaidh.

Feumaidh sinn taic a thoirt don luchd-ionnsachaidh againn, agus buaidh ga toirt orra le co-dhùnidheadh a rinneadh le SQA. Gus seo a chomasachadh, tha sinn a' com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh ann an còmhraidhean is co-dhùnidhean air chor 's gum faod sinn na dùbhlain is cothroman a tha romhpa a thuigsinn ann an dòigh nas fheàrr agus obair còmhla riutha gus raointean leasachaidh a chomharrachadh.

Tha SQA a' gabhail na h-aon dòigh-obrach gus siostam creideasach a lìbhrigeadh far a bheil sinn ag obrachadh taobh a-muigh na h-Alba. Ge air bith càit a bheil SQA ag obair, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' cluiche ar pàirt ann a bhith a' lìbhrigeadh siostam creideasach – a' toirt an eòlais a tha againn mar-thà gu margaidean ùra agus a' toirt air ais gu Alba deagh chleachdaidhean a lorgas sinn thall.



## 2. Tha sinn sùbailte ann a bhith a' coileanadh feumalachdan luchd-cleachdaidh is chustamairean

Feumaidh SQA dèanamh cinnteach gu bheil e comasach air na stuthan, seirbheisean is taic aige a lìbhrigeadh ann an dòigh a tha ag obair airson nan daoine a tha feumach orra.

Mar sin, tha SQA airson dèanamh cinnteach gu bheil luchd-cleachdaidh sheirbheisean is custamairean riarachtaichte. Airson seo, tha feum aige air tuigse de dheagh chàileachd air dè na feumalachdan sin, agus com-pàirteachadh dà-chomhaireach le luchd-cleachdaidh is custamairean gus dèanamh cinnteach gu bheil na gealltanasan a rinn sinn gan coileanadh agus, far nach eil, gu bheil sinn a' gabhail uallach oirnn gus nithean a chur ceart.

Tha SQA a' tuigsinn gu bheil feum aige a bhith fosgailte ri dòighean-obrach ùra airson seo a choileanadh, an dà chuid a thaobh teicneòlas agus a thaobh mar a tha sinn ag obrachadh. Tha feum againn air a' chomas a bhith a' beachdachadh air margaidean is cothroman ùra, agus a bhith comasach air na stuthan is seirbheisean againn atharrachadh gus feumalachdan a tha ùr no a tha a' tighinn am bàrr a choileanadh airson luchd-cleachdaidh is custamairean, le bhith a' stèidheachadh ar co-dhùnidhean air rannsachadh is geur-bheachd.



## 3. Tha modail obrachaidh gnothachais againn a tha seasmhach agus air a mhaoineachadh gu h-ìomchaidh gus an raon-dleastanais againn a lìbhrigeadh an-dràsta is san àm ri teachd

Tha SQA na bhuidheann poblach air a bheil dleastanas do mhuintir na h-Alba a bhith a' cleachdadh an airgid a gheibh e gu ciallach, gu cùramach agus ann an dòigh a tha seasmhach. Mar sin, feumaidh SQA a bhith furachail gu bheil a' toirt seachad maoinean ann an dòigh a lìbhrigeas feabhas luach. Feumaidh SQA a bhith mothachail air cothroman airson èifeachdas a leasachadh agus cosgaisean a lùghdachadh.

Aig an aon àm, tha SQA airson brath a ghabhail air na cothroman a dh'fhaodas a bhith aige gus na prìomh chomasan aige a chur gu feum gus airgead a thàrmachadh bho ghnìomhachd choimeirsealta. Feumaidh SQA, mar sin, a bhith farpaiseach, fòcusaichte air cothroman agus deònach airson cunnartan ìomchaidh a ghabhail.

Tha SQA a' tuigsinn gum bi an teachd-a-steach coimeirsealta a thàrmaicheas sinn a' lùghdachadh na h-ìre dom bheil sinn eisimeileach air an sporan phoblach, agus mar sin tha sinn an geall air teachd-a-steach a bharrachd a shireadh a ghabhas tilleadh a dh'Alba.

Tha SQA a' tuigsinn gu bheil co-chòmhradh le Riaghaltas na h-Alba deatamach, agus gum feum sinn cumail oirnn a' chùis a dhèanamh airson an taic a tha a dhìth oirnn a bhuannachd an dà chuid airson obrachaidhean leantainneach agus gus atharrachadh fhurastachadh.



#### 4. Tha sinn nar buidheann soirbheasach, le deagh obraichean agus àrainneachd obrach cothromaich airson a h-uile duine againn

Tro na gnìomhachdan san Ro-innleachd Dhaoine againn, cumaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil am Frèam-obrach airson Obair Chothromach ga fhighhe a-steach gu h-iomlan agus gu bheil gach taobh dheth – spèis, guth èifeachdach, tèarainteachd, cothrom agus riarachadh – freumhaichte sna cleachdaidhean fastaidh againn.

'S e adhbhar SQA a bhith a' cuideachadh dhaoine gus an làn-chomas a choileanadh agus a thaisbeanadh, agus tha seo a cheart cho buntainneach ris an luchd-obrach againn 's a tha e ris an luchd-cleachdaidh, luchd-ùidhe is luchd-pàirt againn.

Tha an luchd-obrach againn ann an suidheachadh air leth airson buaidh a thoirt air foghlam ann an Alba, agus mar sin bidh SQA a' soirbheachadh tro bhith a' tàladh agus a' cumail dhaoine tàlantach – agus bidh sinn a' toirt aire do shunnd is sgilean an fheachd-obrach againn le bhith a' toirt seachad obair chothromach de dheagh chàileachd, trèanadh agus taic do na daoine againn uile. Airson seo, tha feum ann air gealltanais air planadh feachd-obrach seasmhach, àbhaisteachadh cho-ionannachdan, ceannardas co-fhreagrach agus brosnachadh a' chultair iomchaidh san àite-obrach.

Ann am buidheann a tha a' soirbheachadh, bidh daoine a' dèanamh nan nithean cearta san dòigh cheirt, agus mar sin 's e prìomhachas co-phàirtichte airson a h-uile duine a bhith ag aithneachadh, a' tuigsinn is a' daingneachadh nan dòighean-giùlain is dòighean-smaoineachaidh a tha a' tighinn ri chèile gus an cultar ceart a chruthachadh airson soirbheas.



#### 5. Tha earbsa, urram agus luach gan cur oirnn le ar luchd-cleachdaidh, luchd-ùidhe is luchd-pàirt

Tha earbsa mar cho-phàirt dheatamach ann an siostam an fhoghlaim is sgilean; 's e earbsa an t-airgead a tha a' toirt luach do theisteanas SQA. Tha daoine a' creidsinn gum faod iad earbsa a chur ann an teisteanas SQA a bhith a' ciallachadh gu bheil na sgilean is comasan aig an neach-glèidhidh a tha sinn a' teisteachadh, agus tha seo aig teis-meadhan an luach a tha sinn a' cur air adhart.

Ri linn sin, tha earbsa deatamach do SQA. Gun earbsa an fheadhainn leis a bheil agus airson a bheil sinn ag obair, chan urrainn dhuinn am misean againn a choileanadh. Ri linn sin, tha e air leth cudromach gu bheil earbsa a' tuigsinn, ag àrachadh agus a' glèidheadh ar cliùtha.

Tha SQA a' glèidheadh agus a' meudachadh earbsa tro obair nan daoine againn, a bharrachd air tro na stuthan againn, agus mar sin bidh sinn airson gum fàs sinn, barrachd is barrachd, nas buadmhoire tron rannsachadh is aithriseadh dàta againn agus tro na dòighean eile sam bi sinn a' cur ri deasbad poblach. Cha bhi sinn a' teicheadh bho làthaireachd phoblach, ach bidh sinn ag innse na stòiridh againn fhìn ann an oidhirp a dh'aona-ghnothach a bhith mar stiùiriche smuaintean.


Tha earbsa aig daoine gun dèan sinn na tha sinn ag ràdh gum bi sinn a' dèanamh, agus tha sin mar bhun-stèidh do na dàimhean a tha aig SQA. Feumaidh sinn, mar sin, a bhith dìcheallach a thaobh riarachas luchd-cleachdaidh is chustamairean àrdachadh, conaltradh le luchd-ùidhe a dhèanamh aig ìre ro-innleachdail agus com-pàirteachasan a thogail le spèis do chàch a chèile.

Tha seo uile a' tighinn còmhla airson dèanamh cinnteach gu bheil earbsa a' cur meas air SQA ann an da-rìribh. Anns gach margaid, raon agus dàimh, bidh SQA a' nochdadh an luach shònraichte a tha sinn a' toirt seachad. Bidh seo a' togail misneachd, a' putadh air adhart miann-adhartais agus a' dèanamh cinnteach gu bheil earbsa ag aithneachadh nan deagh rudan a tha SQA a' cur ri Alba agus nas fharsainge – agus bidh seo a' meudachadh earbsa barrachd agus, mar sin, ar comasan a bhith a' libhrigeadh air an adhbhar is misean againn.



## Na Lìbhrigeas sinn

Tha na builean a thathar a' cur an cèill sa phlana seo gan innleachadh le frèam-ama trì-bliadhna san amharc. Mar sin, tha sinn air sreath de nithean a lìbhrigeas sinn a leasachadh air am bi sinn an geall a chur mar phrìomhachas, le àrd-amasan nan cois airson gach nì a bhios ri lìbhrigeadh. Tha iad seo a' toirt seachad sealladh air amasan SQA san àm ri teachd mar Theisteanasan Alba. Bidh coileanadh fa chomhair nan nithean rin lìbhrigeadh fo mharasgladh Comataidh a' Choileanaidh, fo-chomataidh aig Bòrd-stiùiridh SQA.



## Ri lìbhrigeadh: Teisteanasan, measaidhean is barantachd càileachd air an lìbhrigeadh ann an co-rèir ri plana.

A

E

### Tomhas

- Lìbhrigeadh nam prìomh chlachan-mìle gnothachais airson NextGen HN (Prògram Duaiseachaidh Didseataich)  
**Targaid:** An Lùnastal 2025 agus am Màrt 2026



### Àrd-amas

Cuir an gnìomh sreath de chomasachdan didseatach a chruth-atharraicheas lìbhrigeadh, o cheann gu ceann, nan teisteanasan, measaidhean is seirbheisean-taice againn. Bidh iad seo gan dealbhachadh ann an co-obrachadh leis a' phrìomh luchd-cleachdaidh againn, a' sàbhaladh ùine airson ionadan is tidsearan, a' lùghdachadh cosgais lìbhrigidh, agus ga dhèanamh nas fhasa do luchd-ionnsachaidh na h-ath-cheumannan aca a ghabhail.

## Ri lìbhrigeadh: Glèidh, leasaich agus cuir piseach air pasgan nan teisteanasan againn

A

E

### Tomhas

- Leasachadh agus glèidheadh pasgan nan teisteanasan Coileanadh: % sa bhliadhna gu ruige seo  
**Targaid:** 90%
- Leasachadh agus glèidheadh pasgan nan teisteanasan: Mìosan bho chùis gnothachais gu deireadh pròiseict: % coileanadh an coimeas ri eadar-dhealachadh bho thuairmse  
**Targaid:** 90%
- Cunntasan air adhartas phròiseactan  
**Targaid:** Clachan-mìle pròiseict air an coileanadh
- A' chiad chuairt den ro-innleachd is mapa-rathaidean airson seirbheis theisteanasan air a coileanadh gu tur  
**Targaid:** An Dàmhair 2024



### Àrd-amas

Dèan lèirmheas air na teisteanasan uile, a' dèanamh cinnteach gu bheil pasgan nan teisteanasan a' coileanadh nam feumalachdan làithreach agus ri teachd – aig luchd-ionnsachaidh, colaistean, oilthighean, solaraichean tràanaidh, fastaichean, comann-sòisealta agus an eaconamaidh – agus gu bheil e den mheud cheart.

Dèan cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh is luchd-foghlaim a' cumail orra a' com-pàirteachadh ann an leasachadh nan teisteanasan uile, a' togail air an dòigh-obrach dealbhachaidh cho-obrachail a chaidh a chleachdadh ann an lèirmheas SQA air teisteanasan Nàiseanta Àrd-ìre (HN), ris an canar HN NextGen.

## Ri lìbhrigeadh: Buannaich agus lìbhrig cùmhnantan ann an co-rèir ri aontaidhean ìre seirbheise

A

B

C

E

### Tomhas

- Reat coileanaidh airson aontaidhean ìre seirbheise  
**Targaid:** 100%
- Cruthaich mapa-rathaidean coimeirsealta  
**Targaid:** An Dàmhair 2024
- Meudaich teachd-a-steach coimeirsealta  
**Targaid:** 20% ro dheireadh 2027



### Àrd-amas

Cruthaich agus cuir an gnìomh mapa-rathaidean coimeirsealta gus fàs teachd-a-steach a phutadh air adhart mar phàirt de mhodail ionmhais seasmhach airson a' bhuidhinn.

Cuir an gnìomh ro-innleachd airson nam margaidean duaiseachaidh eadar-nàiseanta is taobh a-muigh againn gus bun-stèidh an teachd-a-steach iol-ghnèitheachadh agus fhàs, a bharrachd air na slighean Dioplòma gu Ceum againn, mar phàirt den taic a bhios sinn a' toirt don ro-innleachd foghlaim eadar-nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba.

## Ri lìbhrigeadh:

# Dèan cinnteach gum faod daoine a bhith cho èifeachdach 's a ghabhas san obair aca le bhith a' lìbhrigeadh ghnìomhachdan ionnsachaidh is leasachaidh a tha buntainneach riutha.



### Tomhas

- Meud an trèanaidh a thathar a' lìbhrigeadh gach ràith, a' gabhail a-steach trèanadh àithnteil  
**Targaid:** 90% an làthair aig tachartasan trèanaidh clàraichte
- Trèanadh air bunaithean stiùireachd shreathach % ga choileanadh agus fios air ais sam bith bho sheiseanan  
**Targaid:** 100% de shreath-stiùirichean ga choileanadh  
Lùghdachadh ann an cion chothroman ionnsachaidh is leasachaidh ga thoirt seachad mar adhbhar airson fàgail
- Reataichean coileanaidh airson MyReview agus còmhradh leasachaidh aig meadhan agus deireadh na bliadhna, a' gabhail a-steach co-obraichean comharraichte mar luchd-neo-choileanaidh  
**Targaid:** 90% de lèirmheasan meadhan-na-bliadhna agus deireadh-na-bliadhna air an coileanadh



### Àrd-amas

Dèan cinnteach gu bheil tairgse ionnsachaidh is leasachaidh airson bunaithean manaidsearachd ga cur an gnìomh agus ga fighe a-steach gu h-iomlan.

Cruthaich tairgse ùr airson ceannardas gus togail air ceannardas treòraichte le luachan.

Cùm oirnn a' cruthachadh àite-obrach sam faod thu a bhith mar a tha thu annad fhèin ('you can be you'), far a bheilear a' cur fàilte air fa-leathachas agus diofar, agus far am bi taic iomchaidh airson ionnsachaidh ag ath-neartachadh dùilean sàr-choileanaidh.

## Ri lìbhrigeadh:

# Fìgh a-steach comasachdan sìobar-ath-leumachd agus sìobar-freagairt.



### Tomhas

- Cùm oirnn a' glèidheadh agus a' leasachadh an t-suidheachaidh tèarainteachd againn ann an co-rèir ri frèaman-obrach sìobar-tèarainteachd an riaghaltais thairis air ùine a' phlana chorporra seo gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn uile uidheamaichte a bhith a' dèiligeadh ri sìobar-bagairtean sam bith a dh'fhaodas èirigh.  
**Targaid:** Coilean fèin-mheasadh bliadhnail fa chomhair Frèam-obrach Sìobar-ath-leumachd Roinn Phoblach na h-Alba



### Àrd-amas

Meudaich comasachdan sìobar-ath-leumachd agus sìobar-freagairt tarsainn oighreachd an teicneòlais, cultar, poileasaidhean is cleachdadh ann an SQA, air a dhearbhadh le bhith a' coileanadh slatan-tomhais deagh-chleachdaidh gnìomhachais.

Ri lìbhrigeadh:

# Lìbhrig an Ro-innleachd Dhaoine againn le bhith a' leasachadh dealbhadh is cultar a' bhuidhinn gus: an coileanadh againn a leasachadh; piseach a chur air an t-slàinte, sunnd is àrainneachd againn; a bhith nar gnothachas cunntachail.



## Tomhas

### Leasaich dealbhadh is cultar a' bhuidhinn againn:

- Prògram ùr airson leasachadh ceannardais ga chur an gnìomh Q2 2025-26 agus air a rolaigeadh a-mach ann an co-rèir ri plana  
**Targaid:** Ceudad air a lìbhrigeadh a rèir loidhne-ama a' phrògraim
- A' cur an gnìomh dòigh-obrach ùr airson stiùireadh coileanaidh  
**Targaid:** An Dàmhair 2025

### Cuir piseach air a' choileanadh againn:

- Aithriseadh air neo-làthaireachdan: barrachd mion-sgrùdaidh air gluasadan ann an neo-làthaireachd, a' gabhail a-steach gluasadan ceangailte ri slàinte-intinn, agus lèirmheas ga dhèanamh orra  
**Targaid:** Fo shlat-tomhais na roinne poblaich de 3.80%
- Aithriseadh air tionndadh luchd-obrach: dàta a tha a' nochdadh gluasadan luchd-obrach ga aithris air chor 's gum faicear an gabh atharrachaidhean sònraichte a chomharrachadh  
**Targaid:** Fo shlat-tomhais na roinne poblaich de 12.70%
- Luchd-fàgail (mion-sgrùdadh aig àm-fàgail)  
**Targaid:** Sgòran posataibh a' dol am meud bho cheisteachan airson luchd-fàgail



## Àrd-amas

Cùm oirnn a' conaltradh ris an luchd-obrach is aonaidhean-ciùird againn gus an Ro-innleachd Dhaoine againn, a tha a' dèiligeadh ri gach taobh den Fhrèam-obrach airson Obair Chothromach, a leasachadh is a libhrigeadh.

Obair le Riaghaltas na h-Alba air dealbhadh buidhinn a tha ion-amasach airson Teisteanas Alba. Dèan cinnteach gu bheil na h-atharrachaidhean cultarach a tha a dhìth airson an ama ri teachd air an comharrachadh gu soilleir agus gu bheilear a' toirt taic don atharrachadh tro eadar-theachdan freagarrach.



Ri libhrigeadh:

**Lìbhrig an Ro-innleachd Dhaoine againn le bhith a' leasachadh dealbhadh is cultar a' bhuidhinn gus: an coileanadh againn a leasachadh; piseach a chur air an t-slàinte, sunnd is àrainneachd againn; a bhith nar gnothachas cunntachail. (leant.)**



## Tomhas

### Cuir piseach air slàinte, sunnd is àrainneachd:

- Ro-innleachd sunnd (plana ionnsachaidh pearsantaichte air a bhuileachadh)  
**Targaid:** Adhartas tro ìrean
- Adhartas gu ruige coileanadh amasan a' phlana obrachaidh  
**Targaid:** Air a libhrigeadh ann an co-rèir ri plana
- Duais slàinte is sàbhailteachd  
**Targaid:** Glèidh inbhean ROSPA, a' gabhail a-steach inbhe òr. Glèidh barantachadh Creideas nar Cosnaichean



## Àrd-amas

Cùm oirnn a' cur fòcas air slàinte is sunnd luchd-obrach agus a' sireadh barantachadh Creideas nar Cosnaichean mar uidheam gus dèanamh cinnteach gu bheillear a' leantainn deagh chleachdadh.

Faigh an cleachdadh as fheàrr à goireasan togalaich airson co-obrachadh agus gus cumail a' dol a' toirt seachad àrainneachd-obrach fhiosaigeach a tha buntainneach, fallain agus in-ghabhaltach.

### Bi nar gnothachas cunntachail:

- Adhartas gu ruige buileachadh amasan a' phlana obrachaidh –  
**Targaid:** Air a libhrigeadh ann an co-rèir ri plana
- Prògram meantoraidd (àireamhan)  
**Targaid:** 100% de mheantoran air an comharrachadh a bhith a' toirt seachad taic gu leòr, mar a thathar air iarraidh orra

Ri lìbhrigeadh:

**Tog creideasachd is earbsa am measg an fheadhainn leis am bi sinn ag obair agus airson am bi sinn ag obair, gu h-àraid luchd-ionnsachaidh is luchd-foghlaim, tro chonaltradh is com-pàirteachadh de dh'àrd-chàileachd a tha in-ghabhaltach agus ruigsinneach.**



## Tomhas

- Dùblaich an sgòr airson com-pàirteachadh thidsearan  
**Targaid:** 2027
- Dùblaich an sgòr airson creideasachd am measg thidsearan ann an sgoiltean  
**Targaid:** 2027
- Meudaich an sgòr airson com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean le 50%  
**Targaid:** 2027
- Meudaich an sgòr airson creideasachd am measg luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean le 50%  
**Targaid:** 2027



## Àrd-amas

Dèan ath-cheangal le luchd-ionnsachaidh is luchd-foghlaim agus ath-stèidhich dàimhean, a' strì gus cothrom a thoirt do gach neach-ionnsachaidh is gach neach-foghlaim an guthan a bhith air an cluinntinn agus a bhith a' toirt cumadh do na co-dhùnidhean is stuthan is seirbheisean againn.

Cruthaich panail SQA ùr airson luchd-foghlaim a bhios a' suidhe ri taobh a' phannail luchd-ionnsachaidh a th' ann mar-thà, agus leasaich aithris shoilleir air na dh'fhaodas luchd-ionnsachaidh is luchd-foghlaim a bhith an dùil bho bhuidheann nan teisteanasan. Thoir seachad fios air ais air na gnìomhan a rinn sinn – agus carson – mar thoradh air èisteachd ri beachdan luchd-ionnsachaidh is luchd-foghlaim.

## Ri lìbhrigeadh: Dèan cinnteach gu bheil SQA a' gèilleadh gu h-iomlan ri feumalachdan laghail, reachdail agus riaghlaidh (a' gabhail a-steach luchd-riaghlaidh theisteanasan).



### Tomhas

- Mìosachan airson gnìomhachd gèillidh  
**Targaid:** Air slighe
- Lìbhrigeadh fhoillseachaidhean corporra agus Aithisg is Cunntasan Bliadhnail  
**Targaid:** Clachan-mìle air an coileanadh



### Àrd-amas

Cruthaich dòighean-obrach is freagairtean do riatanasan reachdail is riaghlaidh ùra, a' gabhail a-steach Achd Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne (Corpachadh) Alba.

## Ri lìbhrigeadh: Brosnaich cultar fosgarrachd is dèanamh cho-dhùnaidhean stèidhichte air fianais taobh a-staigh SQA agus tarsainn coimhearsnachd an fhoghlaim.



### Tomhas

- Prìomh fhoillseachaidhean staitistigeil is rannsachaidh air an coileanadh ann an co-rèir ri deitichean planaichte  
**Targaid:** Clachan-mìle air an coileanadh
- Ro-innleachd rannsachaidh is luachaidh air fhoillseachadh  
**Targaid:** Am Faoilleach 2025
- Clachan-mìle san ro-innleachd rannsachaidh is luachaidh air an lìbhrigeadh  
**Targaid:** Clachan-mìle air an coileanadh



### Àrd-amas

Co-phàirtich fianais is mion-sgrùdadh tarsainn coimhearsnachd an fhoghlaim is sgilean le bhith a' foillseachadh an rannsachaidh againn agus a' co-roinn dàta le buidhnean eile gu tèarainte agus gu h-èifeachdach.

Cuir an gnìomh ro-innleachd rannsachaidh is mion-sgrùdaidh ùr a bhios a' toirt seachad stèidh fianaise airson nan co-dhùnaidhean againn air teisteanasan is measaidhean agus a bhios a' dleasadh earbsa coimhearsnachd an fhoghlaim.

# Ri lìbhrigeadh: Lìbhrig Builean Co-ionannachd SQA agus àbhaistich co-ionannachd air feadh SQA, a' dèanamh cinnteach gu bheil SQA na àite far a bheilear a' cur fàilte air iomadachd.



## Tomhas

### Dleastanas dhaoine:

- % adhartas gu ruige nan nithean rin lìbhrigeadh a thaobh builean co-ionannachd  
**Targaid:** Clachan-mìle air an coileanadh
- Beàrn bhliadhnail a thaobh pàigheadh co-ionann  
**Targaid:** Lùghdachadh leantainneach air fhoillseachadh a thaobh fheartan dìonte
- Aithriseadh air feartan dìonte an luchd-obrach a th' ann an-dràsta agus luchd-tagraidh, a' soillseachadh atharrachaidhean cudromach sam bith  
**Targaid:** Fàs ann an àireamh de thagraidhean bho dhaoine le feartan dìonte ann an co-rèir ri àireamh-sluaigh na h-Alba mar a chaidh aithris tro Chunntas-sluaigh 2022 (nach eil air aithris fhathast) ag adhbharachadh meudachadh ann an iomadachd air feadh a' bhuidhinn
- Mion-sgrùdadh air dàta an luchd-fhàgail ceangailte ri co-ionannachd  
**Targaid:** Toraidhean nan ceisteachan bho luchd-fàgail a' nochdadh nach robh ceangal ann ri feartan dìonte
- % coileanadh an trèanaidh air co-ionannachd is iomadachd, agus fios air ais bho sheiseanan  
**Targaid:** 100% coileanta
- % coileanadh an trèanaidh air fastadh in-ghabhaltach, agus manaidsearan fastaidh uile air an trèanadh mus tòisich iad air fastadh  
**Targaid:** 100% coileanta



## Àrd-amas

Dèan lèirmheas air èifeachdas Builean Co-ionannachd SQA le bhith a' cleachdadh com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh, leasachadh is luachadh stèidhichte air fianais air an libhrigeadh taobh a-staigh a' bhuidhinn gus na dòighean-obrach againn a leasachadh agus piseach a chur orra mar phàirt de ghealltanais nas fharsainge air leasachadh leantainneach.

# Ri l bhrigeadh: L bhrig Builean Co-ionannachd SQA agus  bhaistich co-ionannachd air feadh SQA, a' d anamh cinnteach gu bheil SQA na  ite far a bheilear a' cur f ilte air iomadachd. (leant.)



## Tomhas

### Dleastanas corporra

- % adhartas gu ruige nan nithean ri l bhrigeadh a thaobh builean co-ionannachd  
**Targaid:** Clachan-m le air an coileanadh
- Adhartas a thaobh nan gn omhan gus Plana P rantachd Chorporra 2023-26 a l bhrigeadh  
**Targaid:** Clachan-m le air an coileanadh
- Adhartas a thaobh plana-gn omh Buidheann Sti iridh C raichean na Cloinne gus C raichean Chloinne agus Achd an UNCRC 2024 fhisge a-steach  
**Targaid:** Clachan-m le air an coileanadh
- L bhrig ceisteachan co-ionannachd bliadhnail don h-uile neach-obrach  
**Targaid:** Faigh reata fhreagairtean thairis air a' chumanta de 50% no nas  irde
- Seilbh air co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas air a ghabhail air feadh a' ghnothachais  
**Targaid:** Obair c mhla ri luchd-obrach air feadh a' ghnothachais gus d anamh cinnteach gu bheil co-dhi  aon n  ri l bhrigeadh a thaobh Co-ionannachd, iomadachd is in-ghabhaltas aig gach raon taobh a-staigh phlanaichean obrachaidh
- Uiread nam Measaidhean Buaidh air Co-ionannachd (EQIAs) a tha air fhoillseachadh  
**Targaid:** A-r ir cl r-obrach
- Tha luchd-obrach a' com-p irteachadh le agus a' toirt taic do chruthachadh is l bhrigeadh EQIAs.  
**Targaid:** 100% de EQIAs air an coileanadh agus air an soidhneadh dheth air a h-uile poileasaidh is pr iseact
- L bhrig fa chomhair nam builean co-ionannachd againn  
**Targaid:** 100% coileanta ann an co-r ir ri loidhne-ama



##  rd-amas

D an l irmheas air  ifeachdas Builean Co-ionannachd SQA le bhith a' cleachdadh com-p irteachadh luchd-ionnsachaidh, leasachadh is luachadh st idhichte air fianais air an l bhrigeadh taobh a-staigh a' bhuidhinn gus na d ighean-obrach againn a leasachadh agus piseach a chur orra mar ph irt de ghealltanais nas fharsainghe air leasachadh leantainneach.

## Ri lìbhrigeadh: Thoir taic do leasachadh is lìbhrigeadh Theisteanasan Alba



### Tomhas

- Lìbhrig toraidhean a tha a dhìth ann an co-rèir ri clàr-ama Bòrd an Eadar-ghluasaid  
**Targaid:** Lìbhrig am plana
- Ceudad den àireimh de ghnìomhan coileanta ann an co-rèir ri plana  
**Targaid:** Dèan amas air inbhe uaine de RAG



### Àrd-amas

Obair còmhla ri Riaghaltas na h-Alba gus plana eadar-ghluasaid a chruthachadh agus a chur an gnìomh tarsainn a h-uile raon gnothachais gus cruthachadh èifeachdach Theisteanasan Alba fhurastachadh a bharrachd air SQA a thoirt gu crìch.

## Ri lìbhrigeadh: Cruth-atharraich am modail-gnothachais againn gus seirbheisean didseatach a lìbhrigeadh a bhios a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh is luchd-foghlaim san àm ri teachd



### Tomhas

- Adhartas a thaobh clachan-mìle a' phlana lìbhrigidh  
**Targaid:** Clachan-mìle air an coileanadh



### Àrd-amas

Ann an co-obrachadh le atharrachadh siostam an fhoghlaim nas fharsainge, cruth-atharraich na comasachdan eagrachaidh is teicneòlasach againn. Thoir seachad seirbheisean didseatach le luchd-cleachdaidh aig a' mheadhan a bhios a' frithealadh feumalachdan a' phrìomh-luchd-cleachdaidh againn agus, mar sin, suidhich Teisteanasan Alba mar bhuidheann ùr-ghnàthach agus glè èifeachdach.

# Ri lìbhrigeadh: Lìbhrig Feabhas Luach ann an co-rèir ri Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba



## Tomhas

- Lìbhrig toraidhean taobh a-staigh buidseatan teachd a-steach agus caiteachais fad-bliadhna aontaichte  
**Targaid:** A' lìbhrigeadh cothromachd ionmhasach aig deireadh na bliadhna ann an co-rèir ri buidseat aontaichte airson calpa is teachd-a-steach
- Dreachd Prògram Èifeachdachd agus cùm sùil air adhartas  
**Targaid:** Fa chomhair na targaide bliadhnail



## Àrd-amas

Cuir an gnìomh Plana Leasachaidh Feabhas Luach gus èifeachdachd is èifeachdas ann an lìbhrigeadh nan seirbheisean a mheudachadh sa cho-theacsa de dh'ionmhas poblach cuingealaichte agus lìbhrigeadh luach an airgid as fheàrr.

Lìbhrig cothromachd ionmhasach fa chomhair targaidean ionmhasail SQA sa cho-theacsa de dh'ionmhas poblach cuingealaichte.

Cruthaich agus cuir an gnìomh ro-innleachd ionmhasail meadhain-ùine a bheachdaicheas air dòighean-obrach a thaobh cosgais, teachd-a-steach agus tabhartas gus cuideachadh, agus a tha ann an co-rèir ri planadh feachd-obrach is planadh obrachaidh.

# An Gealladh againn air Seasmhachd agus Co-ionannachd

## Dòigh-obrach thar-bhuidhinn a thaobh seasmhachd

Tha SQA an geall air a' phàirt aige a chluiche ann a bhith a' cruthachadh saoghal nas seasmhaiche sam faod sinn fuireach, obair is ionnsachadh san 21mh linn. Sa cho-theacsa seo, tha dleasan sòisealta, moralta, eaconamach, àrainneachdail agus laghail air SQA gus seasmhachd a chomasachadh a bhith mar chridhe, ceann is suidheachadh-inntinn a' bhuidhinn.

Tha na Dùthchannan Aonaichte (UN) air sreath de dh'Amasan Leasachaidh Sheasmhaich a chur air bhonn; faodar iad seo a thuigsinn mar thargaidean aontaichte gu h-eadar-nàiseanta a dh'fheumar coileanadh ro dheireadh 2030. Ann an Alba, tha iad seo gan eadar-theangachadh san Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta (NPF), a tha a' cur fòcas air dèiligeadh ri neo-ionannachdan ann an Alba. Tha na libhrigeas SQA ceangailte gu dìreach ri còig raointean den NPF ris am faod SQA, nur beachd-ne, a chur ann an dòigh bhrìoghmhor. A bharrachd air na ceithir raointean den NPF air an robh am Plana Corporra mu dheireadh an geall mar-thà, tha am Plana seo an geall air còigeamh raon, a tha ceangailte ri còraichean daonna.

Tha an saoghal ag atharrachadh gu luath agus, mar sin, feumaidh SQA, agus Teisteanasan Alba aig am bi 'seasmhachd' mar aon de na prionnsapalan dealbhaidh aca a' freagarrachadh ri saoghal an dèidh carbon. Bidh seo a' dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair gu coitcheann gus seasmhachd fhisge a-steach do dh'ath-leasachadh foghlaim is ath-leasachadh structaran. Tha seo na phrìomh chulaidh-bhrosnachaidh airson foghlam an ama ri teachd. Tha sinn ag aithneachadh an uallaich choitcheann oirnn a bhith a' cumail oirnn a' lùghdachadh nan eimiseanan carboin againn le bhith ag amalachadh chleachdaidhean seasmhach is beag-charboin air feadh nan seirbheisean, stuthan, pròiseasan agus gnìomhachdan againn.





## Ag àbhaisteachadh cho-ionannachdan sa bhuidheann againn

Tha pàirt chudromach aig SQA ri chluich ann a bhith a' toirt taic do lèirsinn Riaghaltas na h-Alba airson còraichean daonna, a' gabhail a-steach còraichean chloinne, fhighe a-steach sa h-uile taobh den chomann-shòisealta.

Mar fhastaiche agus mar bhuidheann poblach, is urrainn dhuinn dreuchd chudromach a chluiche ann a bhith a' cur air adhart co-ionannachd is iomadachd nas fharsainghe. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil co-ionannachd cothruim air foghlam deatamach ann a bhith a' neo-ghlasadh chothroman cudromach ann am beatha, agus tha sinn mothachail air an uallach a tha oirnn a bhith a' seasamh an dà chuid cothromachd airson luchd-ionnsachaidh agus creideasachd siostam nan teisteanasan ann an Alba.


Tha sinn air a bhith a' cumail oirnn ag ath-neartachadh mar a thathar a' riochdachadh co-ionannachd, iomadachd is in-ghabhaltas (EDI) tarsainn a h-uile raoin den ghnòthachas, le fòcas sònraichte air na fuincseanan corporra is goireasan daonna againn, a bharrachd air cumail oirnn a' coileanadh feumalachdan eadar-mheasgte an luchd-ionnsachaidh. Tha an dòigh-obrach seo air co-ionannachd àbhaisteachadh ann an obrachadh SQA bho latha gu latha.

Tha sinn ag amas air rannsachadh is fianais a chur aig cridhe nan co-dhùnaidhean againn agus tha pròiseas làidir againn a thaobh Measaidhean Buaidh air Co-ionannachd (EqIA) gus taic a thoirt do seo. Mar eisimpleir, tha an rannsachadh againn air inntrigidhean dùbailteach aig ìrean Nàiseanta 4 agus Nàiseanta 5, agus air Ullachaidhean Measaidh, air leigeil dhuinn còmhraidhean nas fharsainghe agus nas fhiosraichte fhosgladh tarsainn raon an fhoghlaim.


Tha sinn moiteil mar Phàrant Corporra agus tha sinn an geall air lèirsinn airson Alba sa bheilear a' tuigsinn dhaoine aig a bheil eòlas air cùram, a' creidsinn annta agus a' toirt dhaibh a h-uile cothrom a bhith a' soirbheachadh. Tha sinn cuideachd mar ghuth cudromach ann a bhith a' gluasad air adhart am prògram Ana-gràin-cinnidh ann am Foghlam aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha Co-ionannachd, Iomadachd is In-ghabhaltas ann an Goireasan Daonna air cheann leasachadh, lèirmheas agus cur an gnìomh poileasaidhean is pròiseasan EDI a bharrachd air gnìomhachdan com-pàirteachaidh. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil SQA na bhuidheann far am faod a h-uile neach-obrach a bhith fìor agus mar a tha iad annta fhèin san àite-obrach, a bhith air am meas airson an air-leathachas agus a bhith cinnteach gum bi an guth air a chluinntinn.

Bidh na libhrigeas sinn tron amas EDI a' neartachadh agus a' taisbeanadh a' ghealltanais againn a bhith ag àbhaisteachadh co-ionannachd sa h-uile nì a nì sinn.



# An Riaghlachas againn



## Am Buidseat againn

	£m
Teachd-a-steach Inntigeadh Theisteanasan	-42.3
Teachd-a-steach Obrachaidh Eile	-8.3
<b>Teachd-a-steach Obrachaidh Iomlan</b>	<b>-50.6</b>
Luchd-obrach	51.0
Feadhainn a chuireadh an dreuchd	24.5
Cosgaisean Thogalaichean	3.3
Cosgaisean Obrachaidh Eile	26.6
Caiteachas Tabhartas Prògram	1.1
Ìsleachadh Luach	5.2
<b>Caiteachas Stòrasan Iomlan</b>	<b>111.7</b>
<b>Caiteachas Stòrasan Lom</b>	<b>61.1</b>
Caiteachas Calpa	3.9
<b>Caiteachas Lom Iomlan</b>	<b>65.0</b>

Caiteachas Lom Iomlan air a mhaoineachadh le:

Tabhartas gus Cuideachadh a rèir Buidseat na h-Alba	21.6
Maoineachadh Tabhartas Stòrasan a Bharrachd*	29.6
Maoineachadh Tabhartas Prògram	1.0
Tabhartas gus Cuideachadh co-cheangailte ri Togalaichean	3.3
Tabhartas Stòrasan Neo-airgid (Ìsleachadh Luach)	5.2
Tabhartas gus Cuideachadh Calpa	3.9
<b>MAOINEACHADH IOMLAN BHO RIAGHALTAS NA H-ALBA</b>	<b>64.6</b>

\*Thoir fa-near gu bheil seo le ùmhlachd do dh'aonta bho Riaghaltas na h-Alba agus gum faodadh e atharrachadh.



## An Co-theacsa againn

### An dreach-tìre poileasaidh — am Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta

San Ògmhios 2018, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta (NFP) ath-sgrùdaichte, agus thathar an dùil gum bithear ag ath-sgrùdadh nam builean a-rithist ann an 2024. Tha seo a' cur an cèill adhbhar an riaghaltais agus na prìomhachasan ro-innleachdail aige.

Airson SQA, 's e an NPF am prìomh stiùireadh airson dèanamh cinnteach gu bheil na prìomhachasan ro-innleachdail againn ann an co-rèir ri prìomhachasan riaghaltais. Tha Pàipear-taic 1 a' sealltainn mar a tha sinn ag amas a bhith a' cur ris na Builean Nàiseanta le buaidh dheimhinneach agus tha e a' toirt seachad mion-fhiosrachadh a bharrachd air a' cho-theacsa poileasaidh airson SQA.

### An t-àite againn ann an coimhearsnachd an fhoghlaim

Cumaidh SQA air a bhith na bhuidheann co-obrachail agus tha sinn moiteil às an dreuchd dheatamaich a th' againn taobh a-staigh coimhearsnachd foghlaim is sgìlean na h-Alba. Bidh sinn ag obair gu dlùth le luchd-ùidhe san t-siostam, a' gabhail a-steach Riaghaltas na h-Alba, agus buidhnean poblach eile leithid ùghdarrasan ionadail, a bharrachd air sgoiltean, colaistean, solaraichean tràanaidh, fastaichean, oilthighean, pàrantan/luchd-cùraim agus, gu dearbh, an luchd-ionnsachaidh againn.

Tha sinn cuideachd ag aithneachadh a' mhiann airson atharrachadh cultair san dòigh a bhios sinn ag obrachadh, chan ann dìreach mar bhuidheann ach san dòigh a bhios sinn a' co-obrachadh leis an luchd-cleachdaidh sheirbheisean, custamairean agus luchd-ùidhe againn. Cumaidh sinn oirnn ag obair le prìomh luchd-pàirt ann an lìbhrigeadh Theisteanasan Nàiseanta, a' dèanamh cinnteach gu bheil e soilleir dè an dreuchd a th' aig a h-uile duine. Tha seo ga leudachadh gu com-pàirteachadh le luchd-ionnsachaidh, luchd-foghlaim agus pàrantan ann an dòigh bhrìghmhor a tha a' cruthachadh thoraidhean soilleir.

Gus soirbheachadh ann an lìbhrigeadh a' phlana seo, bidh sinn a' nochdadh mar a tha sinn an geall air luchd-ionnsachaidh, luchd-foghlaim agus eile le bhith ag obair gu co-obrachail gus atharrachadh a thoirt gu buil do shiostam an fhoghlaim air feadh Alba. Tha sinn ag iarraidh a bhith soilleir a thaobh dè an dreuchd againne, ach feumaidh sinn cuideachd a bhith soilleir a thaobh mar a dh'fheumas an luchd-pàirt againn atharrachadh cuideachd gus ar cuideachadh a bhith a' lìbhrigeadh an atharrachaidh a tha a dhìth. Chan fhaighear an t-atharrachadh-siostaim is ath-leasachadh a tha a dhìth le bhith a' cruth-atharrachadh aon bhuidhinn a-mhàin.



## Dreach-tìre ath-leasachadh an fhoghlaim

San Ògmhios 2021, dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba gun rachadh SQA ionadachadh, agus sa Mhàrt 2022 thuir e gun rachadh buidheann theisteanasan ùr a chruthachadh. Mar a tha Bile an Fhoghlaim (Alba), a chaidh fhoillseachadh san Ògmhios 2024, a' dèanamh soilleir, bidh an t-uallach a' cumail a' dol a bhith air Teisteanasan Alba airson teisteanasan a leasachadh is a dhuaiseachadh, le structar riaghlaidh a tha nas riochdachail air, agus nas cunntachail do, luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg agus luchd-cleachdaidh.

Thathar an dùil gun tèid Teisteanasan Alba a stèidheachadh rè cearcall-beatha a' phlana chorpóra seo, agus mar sin thèid am plana ath-ùrachadh an ceann seala gus amasan ro-innleachdail a' bhuidhinn ùir a chomharrachadh. Bidh seo a' togail air na tha rin libhrigeadh sa phlana seo.

Chaidh freagairt Riaghaltas na h-Alba do na molaidhean san IRQA fhoillseachadh san t-Sultain 2024. Bidh SQA agus Teisteanasan Alba a' cur ri cur an gnìomh na freagairte sin, agus bidh iomadh nì a tha ri libhrigeadh fon Phlana Chorpóra seo a' toirt taic do bhuileachadh soirbheachail.



# Pàipear-taic 1 – An co-theacsa poileasaidh

## Mar a tha sinn a’ cur ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta

### **EACONAMAIDH — Tha eaconamaidh againn a tha farpaiseach aig ìre an t-saoghail, a tha tionnsgalach, in-ghabhaltach agus seasmhach**

Tha pasgan nan teisteanasan aig SQA, agus an dòigh sa bheil sinn gan libhrigeadh, a’ cur gu mòr ri eaconamaidh na h-Alba agus a’ cuideachadh gus Alba a dhèanamh na deagh àite airson dèanamh gnothach. Tha càileachd an stuth againn agus an cliù againn a’ comasachadh SQA a bhith soirbheachail ge air bith càit a tha sinn ag obrachadh, agus tha seo cuideachd a’ cur ri cliù na h-Alba mar dhùthaich le eaconamaidh soirbheachail is seasmhach.

### **FOGHLAM — Tha deagh fhoghlam is deagh sgilean againn agus tha sinn comasach air cur ris a’ chomann-shòisealta**

Tha SQA a’ cluiche làn-phàirt ann an siostam foghlaim a tha a’ brosnachadh a h-uile duine an comas a ruigsinn. Tha fios againn gu bheil foghlam is sgilean an sàs ann an dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile duine a bhith soirbheachail agus comasach air an cuid eòlais, sgilean is cruthachalachd a nochdadh. Tha foghlam na mhath poblach; tha sinn a’ cur meas air ar dàimhean le luchd-cleachdaidh foghlaim agus tha sinn ag amas air taic a thoirt dhaibh a bhith a’ coileanadh an amasan.

### **OBAIR IS GNOTHACHAS COTHROMACH — Tha gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach againn, le deagh obraichean agus obair chothromach dhan a h-uile duine**

Tha SQA na fhastaiche obair chothromach agus tha sinn dha-rìreadh an geall air an àrainneachd cheart a chomasachadh sam faod daoine soirbheachadh. An dà chuid mar fhastaiche agus tro phasgan nan teisteanasan againn is na dàimhean obrach againn, tha SQA a’ cluiche pàirt ghnìomhach ann a bhith a’ toirt taic do dhaoine gus obraichean de dheagh chàileachd fhaighinn far am faod iad cùrsa-dreuchd soirbheachail a thogail dhaibh fhèin.

### **EADAR-NÀISEANTA — Tha sinn fosgailte, ceangailte agus tha sinn a’ toirt deagh bhuidh gu h-eadar-nàiseanta**

Tha SQA moiteil a bhith ag obrachadh gu h-eadar-nàiseanta agus a bhith a’ sealltainn don t-saoghal na tha aig Alba ri thabhann. Tha sinn a’ nochdadh ann an cleachdadh gu bheil e tairbheach agus deimhinneach a bhith ag obair le SQA — agus mar sin le Alba — airson an luchd-pàirt is custamairean eadar-nàiseanta againn.

### **CÒRAICHEAN DAONNA — Tha spèis againn air còraichean daonna, tha sinn gan dìon agus gan coileanadh agus tha sinn saor bho leth-bhreith**

Tha SQA a’ creidsinn gum bu chòir gu bheilear a’ dèiligeadh ris a h-uile duine le meas co-ionann, agus tha e an geall air na prionnsapalan cothromachd, urraim, co-ionannachd agus meas. Bidh sinn a’ fighe nam prionnsapalan sin a-steach sa h-uile nì a nì sinn, tro phoileasaidhean is cleachdaidhean èifeachdach, aithriseadh agus riaghlachas. Bidh sinn a’ dèanamh cinnteach gu bheilear a’ beachdachadh air Còraichean na Cloinne agus gam fighe a-steach mar chleachdadh àbhaisteach.

## Dreach-tìre Poileasaidh is Rannsachaidh

Tha Riaghaltas na h-Alba airson dèanamh cinnteach gu bheil an lèirsinn is na builean aige gan coileanadh tro raon de ro-innleachdan is poileasaidhean. Tha obair SQA ann an co-rèir ri mòran dhiubh seo agus a' cuideachadh a bhith gan coileanadh, bho bhith a' cluiche pàirt ann an ro-innleachd eaconamaich san fharsaingeachd, gu cur ri planaichean riaghaltais air fastadh dhaoine ciorramach, co-ionannachd cinnidh agus dùnadh na beàirn pàighidh eadar na gnèithean. Tha poileasaidhean nàiseanta buntainneach air an liostadh ann am Pàipear-taic 2, earrann A.

Gu sònraichte, tha SQA a' cluiche prìomh phàirt ann an iomadh ro-innleachd is poileasaidh foghlaim is sgilean na h-Alba, bho phrògraman farsaing leithid Curraicealam airson Sàr-mhathais, Leasachadh an Fheachd-obrach Òig agus Lèirsinn airson Foghlam Àrd Ìre ann an 2030, gu iomairtean nas sònraichte leithid Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus cur an gnìomh Achd Cànain Soidhnidh Bhreatainn (Alba) 2015. Tha sinn cuideachd san àite-toisich air iomairtean air feadh na dùthcha air sgilean is leasachadh. Mar eisimpleir, bidh SQA a' cluiche na pàirt aige ann an obair gus teisteanasan a fhreagarrachadh is feadhainn ùra a chruthachadh a tha fiosraichte le adhbhar is prionnsapalan airson foghlam, rannsachadh is sgilean an dèidh sgoile.. Tha na poileasaidhean foghlaim is sgilean buntainneach air an liostadh ann am Pàipear-taic 2, earrann B.

Mar bhuidheann poblach, bidh SQA a' gèilleadh ri raon de reachdas, a' dèiligeadh ri raointean leithid saorsa fiosrachaidh, dìon dàta no ath-leasachadh solarachaidh. Tha riatanasan buntainneach air an liostadh ann am Pàipear-taic 2, earrann C.

## Mar a tha SQA air a riaghlachadh

Tha Barantachadh SQA fhèin na riaghlaidhe agus tha e a' coileanadh nan inbhean a bhios grunn riaghlaidhean eile ag iarraidh air.

Bidh Barantachadh SQA a' toirt seachad dearbhadh càileachd air teisteanasan a thathar a' tabhann ann an Alba le bhith ag ùghdarrachadh bhuidhnean duaiseachaidh agus a' barantachadh nan teisteanasan aca. Tha e a' dèanamh seo le bhith a' riaghlachadh bhuidhnean duaiseachaidh agus nan teisteanasan aca fa chomhair riatanasan reachdail foillsichte.

Mar bhuidheann duaiseachaidh, tha SQA air a riaghlachadh le Barantachadh; thathar ga chumail don aon inbhe agus air na h-aon chumhaichean 's a tha aig buidhnean duaiseachaidh eile. Mar bhuidheann duaiseachaidh a tha ag obrachadh ann an Sasainn is sa Chuimrigh, feumaidh SQA cuideachd a bhith a' coileanadh riatanasan nan riaghlaidhean Ofqual is Cymwysterau Cymru.



## Pàipear-taic 2:

### Ro-innleachdan is poileasaidhean riaghaltais a tha a' buntainn ri obair SQA

#### A. Ro-innleachdan is poileasaidhean nàiseanta

- Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta
- Co-ionannachd, Cothrom, Coimhearsnachd: Am Prògram againn airson Riaghaltas: Prògram an Riaghaltais airson Alba 2023-24
- Ro-innleachd Eaconamach na h-Alba
- Ro-innleachd Margaid Obrach na h-Alba
- Plana-gnìomh airson Obair Chothromach
- Alba nas cothromaiche airson boireannaich: plana-gnìomh air a' bheàrn pàighidh eadar na gnèithean
- Plana Lìbhrigidh air Fastadh Dhaoine Ciorramach
- Ag adhartachadh còraichean chloinne ann an Alba 2018-21: Plana-gnìomh
- Measadh Buaidh air Còraichean is Sunnd Chloinne (CRWIA): Stiùireadh
- Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean na Cloinne (UNCRC)
- Plana Nàiseanta na Gàidhlig
- Bile nan Cànanan Albannach
- Plana Nàiseanta air Cànan Soidhnidh Bhreatainn
- Stiùireadh (Riaghaltas na h-Alba) a thaobh dòigh-obrach còraichean daonna chloinne a ghabhail
- An Gealladh Alba

#### B. Ro-innleachdan is poileasaidh foghlaim is sgilean


- Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta (NIF)
- Curraicealam airson Sàr-mhathais
- Leasachadh an Fheachd-obrach Òig (DYW)
- Lèirmheas air Slighe an Luchd-ionnsachaidh 15 gu 24
- Lèirmheas air Iomairt is Sgilean
- Foghlam, rannsachadh is sgilean an dèidh sgoile – adhbhar is prionnsapalan
- Lèirmheas air Seirbheis Dhreuchdan – Leasachadh Sgilean na h-Alba
- Ro-innleachd Cùrsa-dreuchd na h-Alba – Leasachadh Sgilean na h-Alba
- Freagairt Riaghaltas na h-Alba ri cìs preantasachd Riaghaltas na RA
- Siostam Cumhachdaichte
- Modail nàiseanta de dh'ionnsachadh proifeiseanta
- Saidheans, Teicneòlas, Einnseanaireachd agus Matamataig: ro-innleachd foghlaim is trèanadh
- Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig
- A' cruth-atharrachadh Alba gu bhith na dùthaich a tha deimhinneach mu dheidhinn matamataig: aithisg dheireannach a' bhuidhinn Toirt air Matamataig Cunntadh
- Sìobar-ath-leumachd: plana-gnìomh ionnsachaidh is sgilean 2018-20
- Lèirmheas air Foghlam Pearsanta is Sòisealta
- Molaidhean air Foghlam In-ghabhaltach LGBTI
- Leudachadh Tràth-ionnsachaidh agus Cùram-chloinne Maoinichte
- Prògram Ana-gràin-cinnidh ann am Foghlam

#### C. Riatanasan reachdail air buidhnean poblach

- Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002
- Achd Ath-leasachadh Solarachaidh (Alba) 2014
- Achd Clàran Poblach (Alba) 2011
- Achd Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba 2002
- Achd Clann is Daoine Òga (Alba) 2014
- Achd Dìon Dàta 2018
- Riaghailtean Prìobhaideachd agus Conaltradhean Eileagtronaigeach 2003
- Achd Nua-thràilleachd 2015
- Achd Co-ionannachd 2010
- Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba
- Achd na Gàidhlig (Alba) 2005
- Achd nan Eilean (Alba) 2018
- Riaghailtean Ruigsinneach 2018 (PSBAR)



# Pàipear-taic 3: 11 Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba



[Diagram a' tighinn bho Riaghaltas na h-Alba](#)

## Pàipear-taic 3: Amasan Leasachaidh Sheasmhaich nan Dùthchannan Aonaichte

# AMASAN LEASACHAIDH SHEASMHAICH



[Diagram air a thoirt bho Dhùthchannan Aonaichte](#)

## **Pàipear-taic 3: Amasan Leasachaidh Sheasmhaich nan Dùthchannan Aonaichte ann an co-rèir ri Builean SQA**

**Tha sinn a' lìbhrigeadh siostam de theisteanasan a tha creideasach**

1, 2, 3, 4, 5, 7, 8, 9, 10, 12, 16, 17

**Tha sinn sùbailte ann a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan luchd-cleachdaidh**

1, 2, 3, 4, 5, 7, 8, 9, 10, 12, 16, 17

**Tha modail obrachaidh seasmhach againn a tha air a ghoireasachadh gu h-ìomchaidh airson an raon-dleastanais againn a lìbhrigeadh an-dràsta agus san àm ri teachd**

1, 2, 3, 4, 5, 7, 8, 9, 10, 12, 16, 17

**Tha sinn nar buidheann soirbheasach, le deagh obraichean agus àrainneachd obrach cothromaich airson a h-uile duine againn**

4, 5, 7, 8, 9, 10, 12, 16, 17

**Tha earbsa, urram agus luach gan cur oirnn le ar luchd-cleachdaidh, luchd-ùidhe agus luchd-pàirt**

4, 5, 7, 8, 9, 10, 12, 16, 17